

De th'anns an t-seillean?

'Se seillean mòr gruagach a th'anns an Genus *Bombus*. Tha ochd-deug diofar sheòrsaichean ri lorg ann an Alba. Bi iad uile ag ithe poilean agus neachtar bho flùraichean. Tha iad cudtromach gus bàrr agus flùraichean fhiadhaich a' phoileanadh, mar eisimpleir cha bhiodh sùbh-craobhan, pònair leathann neo peasairean againn mar a b'e 'na seillean. Air sailleadh mar a tha atharraichean air a bhith ann a thaobh croitearachd tha an àireamh de sheillean air lughdachadh ann am Breatainn.

Seillean a' Choinneach *Bombus muscorum* seòrsa eile de seillean a tha tearc ach tha ri fhaighinn ann an Alba



SCOTTISH NATURAL HERITAGE
DUALCHAS NADAIR na h-ALBA

Air a' mhaoineachadh le SNH le taic bhon Crannchar Nàiseanta

Supported by **The National Lottery** through the Heritage Lottery Fund



Saoghal an t-Seillean

Anns an earrach, bi na seilleanan bhan-rìghrean mòra a' tighinn a-mach bho cadal-a'-gheamhraidh as de dhaibh a bhith machlag an t-samhradh sa chaidh. Bi iad ag ithe le acras, poilean agus neachtar bho flùraichean (m.e. blàth-an-t-seilich, bròg na cuthaig agus an fheanntag bhàn.) An uairsin bi iad a' siubhal airson nead a tha dorcha agus tioram uaireannan ann a seann neadan nan rodan. Anns an nead, bi iad a' togail an cuid luchd-obrach boireann airson coimhead airson biadh. 'S urrainn an nead fàs gus am bi mu cead neo barrachd ann de luchd-obrach nuair a thig an samhradh. Anns an Lùnasdal, thèid na ban-rìghrean ùra agus na seillean fireann a thogail gus an urrainn dhaibh an nead fhàgail airson machlag. Cuireadh na ban-rìghrean, as dèidh machlag, iad fhèin dhan talamh airson cadal-a'-gheamhraidh gus an till iad san earrach.

Nuair a thig am foghar, thig bas air an t-seann bhan-rìgh, an luchd-obrach agus na seillean fireann nuair a dh'fhàsas an t-side fuar agus grodaidh na seann neadan an uairsin.

Airson barrachd fiosrachadh air na seilleanan agus de 's urrainn dhuibh a dhèanamh, leig fios gu:

Bumblebee Conservation Trust,

School of Biological and Environmental Sciences, University of Stirling

Stirling
FK9 4LA

Email:
enquiries@bumblebeeconservationtrust.co.uk

www.bumblebeeconservationtrust.co.uk



Tuathanaich, Croitean agus an t-Seillean

Mar is urrainn dhuibh an t-seillean mòr buidhe a' chuideachadh



RSPB registered charity, England & Wales no. 207076 Scotland no. SCO 37654

Registered charity no. 1115634

Adhbharan airson an lughdachadh air àireamh na seillean

Cead bliadhna air ais bha na seillean a tha a-nis tearc gu math cumanta air feadh Breatainn. Shoirbhich iad ann àiteachan flùrach mar pàircean feòir, àiteachan làn cailc, boglach agus callaidean. Gu mi-fhortanach tha tòrr àiteachan mar seo air a dhol a bith air tìr mòr.

Tha pàircean feòir air a chleachdadh airson silage, tha feurach nas fheàrr air sailleadh a bhith a' cleachdadh todhar gu trom, boglaichean air tiormachadh agus callaidean air a ghearradh sìos. Air sailleadh seo chan eil mòran flùraichean a' fàs anns na h-àiteachan far an robh na seillean agus gun flùraichean chan urrainn an t-seillean a bhith beò.

Croitearachd agus an t-Seillean Mòr Buidhe

'Se an t-seillean mòr buidhe *Bombus distinguendus* a tha ann an cunnart a dhol a bith. Bha iad rim faighinn air feadh Bhreatainn ach a-nis chan eil iad ri fhaicinn ach anns na h-Eileanan an Iar, Sealltainn, Arcaibh agus cladach an Iar thuath de Alba. Tha an fheadhainn a tha air fhàgail dhuibh ri fhaighinn air croitean agus tèarmainn nàdair. Airson a bhith soirbheachail, tha feum aig an t-seillean mòr buidhe tòrr flùraichean eadar a' Chèitean agus an t-Sultain gu h-àraidh an t-seamrag dhearg, fiatghal agus cnapan dubh. Tha na flùraichean seo cumanta air croitean gu h-àraidh air a mhachaire.

Mar is urrainn dhuibh an t-seillean mòr buidhe a' chuideachadh

- Feuch gun a bhith a' feurachd àiteachan le tòrr flùran eadar a' Ghiblean agus an t-Sultain - bi na caoraich ag ithe na flùraichean an toiseach a' fàgail an t-àite falamh airson na seillean
- Mu dh'fheumas sibh feurach a dhèanamh, feuch ri àiteachan a chumail gun feurachd
- Mu tha sibh ag gearradh feur, feuch nach gearr sibh na pàirce air fad aig aon am, feuch ri dhèanamh ann an irean
- Tha feurachd as t-fhoghair agus sa gheamhradh feumail airson feur tiugh agus luachair a chumail sìos
- Bheir a' cuir am buntàta agus eòrna air flùraichean fàs airson na seillean ann a cuid de bhliadhnanachan

Seamrag Dhearg - am biadh is fheàrr leis an t-seillean mòr buidhe



Machair air Uibhist a Deas - an àrainn is fheàrr airson an t-seillean mòr buidhe

